

# Na h-Evacuees

Ann an dubh agus geal tha na pàistean  
Tro na sràidean a' coiseachd  
Masgan-gas agus pocain nan làmhan  
Dol gu àite nach eòlach.

Tha mi ag iarraidh mo Mham!

Chaidh bileagan chur orra le prìne  
H-uile nìghneag is gille  
Agus an ainmean orra sgrìobhte  
Mar a chìte air litir.

Tha mi ag iarraidh mo Mham!

Anns an stèisean, ceann-uidhe an cuairte  
Am measg fuaim is gleadhraich  
Chìte ionndrainn is iargain orr' bualadh  
Mar a chualar an fheadag.

Tha mi ag iarraidh mo Mham!

Ràinig iad sgìth is salach is claidhte  
Cuid a' caoineadh 's a' rànaich  
'S thugadh air falbh dithis, triùir, aonan  
Dol nan aoighean a thaigh strainnseir.

Tha mi ag iarraidh mo Mham!

Ged bhon chunnart gu h-àrd bha iad sàbhailt  
Ò na Nadsaidhean lem boman  
An oidhch' sin b' iomadh pàiste is pàrant  
A bha cràiteach is brònach

Tha mi ag iarraidh mo Dhòmhnall,  
Ò mo bhalachan beag,  
Ò mo ghaoil!

